


Aithisg air sgrùdadh co-roinnte air seirbheisean do chlann is daoine òga a tha fo òrdugh aireachais èigneachail a tha a' fuireach aig an taigh còmhla ri am pàrantan anns na h-Eileanan an Iar

Air ullachadh le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim ann an compàirteachas le Luchd-sgrùdaidh
Foghlaim an Rìgh, Leasachadh Cùram Slàinte na h-Alba agus Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air
Poileas na h-Alba

13 Faoilleach 2026



ENCOURAGEMENT



Keeping The Promise at the heart of what we do

Bu mhath leinn taing a thoirt do gach neach a ghabh pàirt anns an sgrùdadh againn.

Clàr-innse	Àireamh duilleige
Geàrr-chunntas an sgrùdaidh	3
An dòigh-obrach againn agus an co-theacsa ionadail	4
Prìomh theachdaireachdan	6
Toraidhean sgrùdaidh: Prìomh loidhne ceasnachaidh 1	7
Toraidhean sgrùdaidh: Prìomh loidhne ceasnachaidh 2	11
Toraidhean sgrùdaidh: Prìomh loidhne ceasnachaidh 3	14
Aithris earbsa agus na ceumannan a leanas	16
Luachadh air comharran càileachd	17
Earr-ràdh 1: Geàrr-chunntas air gnìomhan sgrùdaidh	19

Tha còmhach na h-aithisg seo a' sealltainn obair-ealain le neach òg às Na h-Eileanan an Iar. Bu mhath leinn taing a thoirt dhaibh air a shon.

Geàrr-chunntas sgrùdaidh air clann, daoine òga agus teaghlaichean

Cò sinne



Tha sinn nar sgioba de luchd-sgrùdaidh a chuir seachad ùine anns na h-Eileanan an Iar bho Lùnastal gu Samhain 2025. B' e an obair againn faighinn a-mach dè bha ag obair gu math dha clann agus an teaghlaichean.



Bha sinn airson barrachd ionnsachadh mun taic a thug seirbheisean ionadail do bhuidheann shònraichte de chlann: clann a tha air a bhith fo òrdugh aireachais èigneachail* a' fuireach còmhla ri am pàrantan.

*Tha **òrdugh aireachais èigneachail** a' ciallachadh gu bheil uallach air an ùghdarras ionadail a bhith a' coimhead às dèidh agus a' cuideachadh a' phàiste no an neach òg.

Na rinn sinn rè an sgrùdaidh



Suirbhidhean airson clann, pàrantan agus luchd-obrach



Coinneamh le clann, daoine òga agus teaghlaichean



Leughadh clàran cloinne



Coinneamh le luchd-obrach is ceannardan



Leughadh fiosrachadh mu sheirbheise an ionadail

Na dh'ionnsaich sinn mun sgìre agaibh



Fhuair a' mhòr-chuid de chlann is daoine òga an cuideachadh a bha a dhìth orra.



Bha an luchd-obrach dripeil a' dèanamh cinnteach gun robh clann is daoine òga a' faireachdainn gun robh iad air am faicinn, air an cluinntinn agus air an tuigsinn.



Chaidh clann is daoine òga a chumail sàbhailte agus an cuideachadh gus fuireach ann an dachaighean a bha tèarainte agus seasmach.



Bha feum aig ceannardan air tuigsinn dè a rinn iad gu math agus dè a dh'fheumadh iad a dhèanamh na b' fheàrr agus beachdan is smuaintean cloinne is dhaoine òga iarraidh barrachd.

An dòigh-obrach againn

Chaidh an sgrùdadh co-roinnte air seirbheisean do chlann is daoine òga a tha fo òrdugh aireachais èigneachail a' fuireach aig an taigh còmhla ri am pàrantan anns na h-Eileanan an Iar a chumail eadar 11 Lùnastal agus 20 Samhain 2025.

Tha sgiobaidhean sgrùdaidh co-roinnte a' toirt a-steach luchd-sgrùdaidh bho Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, Leasachadh Cùram Slàinte na h-Alba, Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air Poileas na h-Alba agus Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh ann an Alba. Tha luchd-sgrùdaidh saor-thoileach òga anns na sgiobaidhean cuideachd, is iad sin daoine òga le eòlas dìreach air seirbheisean cùraim no dìon cloinne. Bidh luchd-sgrùdaidh saor-thoileach òga a' faighinn trèanadh agus taic agus a' cur ri sgrùdaidhean co-roinnte a' cleachdadh an eòlais gus ar cuideachadh le bhith a' measadh càileachd agus buaidh obair chompàirtichean. Faodaidh sgiobaidhean cuideachd luchd-measaidh co-cheangailte a thoirt a-steach, is iad sin proifeiseantaich bho bhuidhnean eile a bhios ag obair mar phàirt de sgioba sgrùdaidh airson fad sgrùdadh sònraichte. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun dòigh-obrach againn a thaobh ar sgrùdaidhean co-roinnte [an seo](#).

Gheibhear fiosrachadh mun raon fianais a chaidh a chruinneachadh rè an sgrùdaidh seo ann an Eàrr-ràdh 1. Tha dòigh-obrach chunbhalach againn a thaobh sgrùdaidhean le bhith a' cleachdadh an [fhrèam-obrach càileachd](#) airson clann is daoine òga a tha feumach air cùram is dìon. Bidh luchd-sgrùdaidh a' tionail is ag ath-sgrùdadh fianais an aghaidh nan 22 comharran càileachd uile san fhrèam-obrach gus sgrùdadh a dhèanamh air trì prìomh loidhnichean ceasnachaidh a tha a' ceangal ris na bunaitean geallaidh. Anns an earrainn mu dheireadh den aithisg againn tha sinn a' measadh ceithir comharran càileachd a' cleachdadh ar [sgèile sia-puing](#). Bidh sinn cuideachd a' toirt seachad aithris earbsa agus a' mìneachadh nan ath cheumannan.

Tha cuid de dh'abairtean ann an taidhp dh'orchaidh air feadh na h-aithisg. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iad air am mìneachadh anns a' bheag-fhaclair a gheibhear [an seo](#). Aig toiseach a' bheag-fhaclair, tha sinn a' mìneachadh na tha sinn a' ciallachadh le pàiste, pàrant agus neach-cùraim agus a bhith fo òrdugh aireachais èigneachail fhad 's a thathas a' fuireach aig an taigh.

Leis gu bheil na co-dhùnaidhean san sgrùdadh cho-roinnte seo stèidhichte air sampall de chlann is dhaoine òga, chan urrainn dhuinn càileachd na seirbheis a gheibh gach pàiste is neach òg anns na h-Eileanan an Iar a tha fo òrdugh aireachais èigneachail a tha a' fuireach aig an taigh còmhla ri am pàrantan a dhearbhadh.

Co-theacsa

Tha na h-Eileanan an Iar air an dèanamh suas de na Hearadh, Leòdhas, Barraigh, Uibhist a Tuath agus Uibhist a Deas. Tha 26,200 neach a' fuireach anns na h-eileanan agus tha 3,200 dhiubh sin nan clann is daoine òga aois sgoile. Còmhla ris a' Ghàidhealtachd, tha an dùmhachd sluaigh ùghdarrais ionadail as ìsle ann an Alba ann. Ged nach eil sgìre sam bith anns na h-Eileanan an Iar anns an 20% de na sònaichean dàta as bochda, faodaidh seo a bhith na mhealladh leis nach eil tomhasan stèidhichte air sgìre 'air an dearbhadh airson eileanan' agus faodaidh sin ciallachadh nach eil sgìrean dùthchail air an cur ann an co-theacsa iomlan ann an comharran **SIMD**. Thug Comhairle nan Eilean Siar fa-near gu bheil an ìre as àirde de bhochdainn connaidh san Rìoghachd Aonaichte anns an sgìre acasan. Tha seo air sgàth teachd-a-steach ìosal, cosgaisean nas àirde agus droch èifeachdas lùtha. Tha 850 pàiste ann am bochdainn connaidh, 19.1% den t-sluagh fo aois 16.

Ann am meadhan 2024, bha na h-Eileanan an Iar san treas àite anns na sgìrean leis an àireamh-shluaigh as ìsle ann an Alba, air cùl Sealtainn agus Arcaibh, le aon de na ceudadan as ìsle de chlann (eadar 0 agus 15 bliadhna a dh'aois) ann an Alba. B' e na h-Eileanan an Iar aon de chòig sgìrean ùghdarras ionadail a chunnaic lùghdachadh anns an àireamh-shluaigh ann an 2023/4(1). Bha a' mhòr-chuid (62.5%) de chlann a bha '**fo shùil an ùghdarrais ionadail**' anns na h-Eileanan an Iar aig deireadh an luchair 2024 a' fuireach aig an taigh còmhla ri am pàrantan (2). Co-ionann ris a' chuibheasachd Albannach, bha 17.5% de chlann fo shùil an ùghdarrais ionadail anns na h-Eileanan an Iar ann am barrachd air aon seòrsa suidheachaidh rè 2023/24(3).

Tha dùbhlain mhòra ann dhaibhsan a tha a' stiùireadh agus ag obair ann an seirbheisean do chlann is dhaoine òga a tha fo òrdugh aireachais èigneachail a tha a' fuireach aig an taigh còmhla ri am pàrantan anns na h-Eileanan an Iar. Tha cruinn-eòlas nan Eileanan an Iar iom-fhillte agus iomadach: tha siubhal bho agus eadar na h-eileanan a' toirt ùine, tha e daor agus an urra ris an tìde. Tha còmh dhail phoblach tearc. Tha duilgheadasan leantainneach susbainteach ann a thaobh fastadh agus gleidheadh luchd-obrach agus bha grunn dhreuchdan cudromach bàn ron sgrùdadh seo. Tha na dùbhlain a thaobh fastadh luchd-obrach gu eileanan, droch bhuaidh na tìde agus còmh dhail ag adhbhrachadh dhuilgheadasan sònraichte. Chaidh beachdachadh air poileasaidh agus stiùireadh nàiseanta le fòcas eileanach. Tha seo stèidhichte air dòigh-obrach coimhearsnachd far a bheil luchd-obrach a' fuireach gu dlùth ri taobh an fheadhainn a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus faodaidh sin a bhith na dhùbhlain cuideachd. Feumar sùbailteachd is deòin atharrachadh a rèir shuidheachaidhean gus a bhith beò agus ag obair sa cho-theacsa seo.

Bonn-notaichean:

[1] Tùs: <https://www.nrscotland.gov.uk/publications/mid-2024-population-estimates/#>

[2] Tùs: <https://www.gov.scot/publications/childrens-social-work-statistics-child-protection-2023-24/documen...> (3)]

Tùs: <https://www.improvementservice.org.uk/benchmarking/explore-the-data>

Priomh theachdaireachdan

Priomh theachdaireachdan

1. Bha a' mhòr-chuid de chlann is daoine òga a' faighinn taic gus cunnartan a lughdachadh agus gus dèiligeadh gu h-èifeachdach ris na feumalachdan aca.
2. Bha luchd-obrach dìoghrasach agus dealasach a' dèanamh cinnteach gun robh clann is daoine òga a' faireachdainn gun robh iad air am faicinn, air an cluinntinn agus air an tuigsinn.
3. Bha òrdughan aireachais èigneachail a' cumail cloinne is daoine òga sàbhailte is gan cuideachadh a' fuireach ann an dachaighean tèarainte, seasmhach.
4. Chaidh càileachd planaichean cloinne is dhaoine òga a mheasadh iomchaidh no nas ìsle anns a' mhòr-chuid de na clàran a leugh sinn.
5. Bha dìth spionnadh coitcheann adhbharach anns an iùl ro-innleachdail airson pàrantachd chorporra agus cha robh gnìomhan agus adhartas a' faighinn sgrùdadh ann an deagh ùine.
6. Cha robh fèin-luachadh, dearbhadh càileachd no trèanadh ioma-bhuidhne air an leasachadh gu leòr. Bha seo a' ciallachadh gu robh cothroman airson leasachadh cleachdaidh agus leasachadh luchd-obrach gann.

Toraidhean sgrùdaidh

Prìomh loidhne ceasnachaidh 1

Tha clann is daoine òga a' faighinn deagh thaic gus fuireach còmhla rin teaghlaichean. Bidh an taic seo a' cuideachadh le bhith gan cumail sàbhailte, a' faighinn thairis air duilgheadasan agus a' dèanamh eadar-dhealachadh adhartach nam beatha.

A' togail dhàimhean earbsach

Bha a' mhòr-chuid de chlann is dhaoine òga a' faighinn buannachd bho sheirbheisean a bha gan cumail sàbhailte agus a' cuideachadh le bhith a' toirt piseach air am beatha. Thar ùine thog luchd-obrach dàimhean earbsach le clann is teaghlaichean. Gu h-iomlan, bha iad a' faireachdainn gun robh iad air am faicinn, air an tuigsinn agus air an cluinntinn. Chaidh dèiligeadh ri clann, daoine òga agus teaghlaichean le spèis agus bha na beachdan aca air an gabhail a-steach ann an taobhan den taic agus cùram aca. Thar a' chom-pàirteachais, b' e seo raon neirt.

Bha an luchd-obrach dìoghrasach agus dealasach a thaobh sunnd cloinne agus daoine òga. Bha iad ag obair gu cruthachail gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan agus an taic cheart a thoirt seachad a dh'aindeoin dùbhlain a thaobh dìth ghoireasan agus comas-ceangail anns na h-eileanan. Bha dòigh-obrach shùbailte aig an luchd-obrach a bha stèidhichte air an teaghlach agus bha iad a' conaltradh ri chèile gu cunbhalach airson stiùireadh agus taic agus gus fiosrachadh a cho-roinn. Bha seo air leantainn gu clann agus daoine òga a' faighinn cothrom air raon nas fharsainghe de sheirbheisean a thug buaidh mhath air am beatha.

Bha cultar stèidhichte air earbsa agus dàimhean follaiseach anns an dòigh anns an robh luchd-obrach ag obair còmhla. Bha iad an urra ri chèile airson faighinn thairis air dùbhlain. Chuala sinn bho luchd-obrach a bha a' riaghladh shuidheachaidhean dùbhlanaich agus a bha air buannachd fhaighinn bhon taic a thug an co-obrach seachad bho latha gu latha. Bha dàimhean obrach èifeachdach agus làidir eadar luchd-obrach thar gach buidhne air an taic a bha ri fhaighinn do chlann is do dhaoine òga a leasachadh.

An cuideachadh ceart aig an àm cheart

Rinneadh measadh air a h-uile pàiste is neach òg, agus bha a' mhòr-chuid dhiubh math no glè mhath. Bha measadh slàinte anns a' mhòr-chuid de na clàran. Chuidich obair ioma-bhuidhne air measadh le bhith a' brosnachadh tuigse aonaichte air cunnart agus feumalachdan. Le tar-chur iomchaidh air adhart, chaidh coinneachadh gu h-èifeachdach ris na feumalachdan agus na cunnartan a chaidh a chomharrachadh anns a' mheasadh. San fharsaingeachd, fhuair clann is daoine òga am fiosrachadh a bha a dhith orra nuair a chaidh **òrdugh aireachais èigneachail** (CSO) a chur orra. Bha mion-fhiosrachadh mu chòmhraidhean le clann is daoine òga anns na clàran aig obair shòisealta a mhìnich na còraichean aca agus na pròiseasan anns an robh iad an sàs ach cha robh iad sin cho soilleir ann am planaichean no lèirmheasan cloinne.

Thug coinneamhan **sgioba timcheall air a' phàiste** frèam-obrach èifeachdach do luchd-obrach gus cunnart agus feumalachd a chomharrachadh agus a mheasadh.

Nearthaich an treas roinn seirbheisean reachdail, agus chomharraich iad am feum air eadar-theachd nas tràithe ann an raointean cudromach. Rinn seo cinnteach gun d' fhuair barrachd cloinne, daoine òga agus teaghlaichean an cuideachadh a bha a dhìth orra nuair a bha feum aca air.

Taic gus fuireach sàbhailte agus taic do dheagh bhuilean

Bha a' mhòr-chuid de chlann is daoine òga a' faighinn cuideachadh gus fuireach ann an dachaighean tèarainte, seasmhach agus taic airson cunnartan is feumalachdan sam bith a chaidh a chomharrachadh. Fhuair clann is daoine òga cuideachadh gus an làthaireachd sgoile aca a chur am meud agus gus fios a chumail ris na teaghlaichean aca ma bha aca ri gluasad air falbh greis. Bha seirbheisean freagairteach nuair a dh'èirich feumalachdan sònraichte agus thug iad seachad cùram 'co-thaiceil'. B' e eisimpleir de seo freagairt a' chompàirteachais do dh'àrdachadh ann an giùlan mì-shòisealta. Dh'obraich na poileis, luchd-obrach sòisealta agus Gnìomh airson Clann còmhla gus gnìomhan adhartach a thoirt seachad airson compàirteachadh nan daoine òga ann an spòrs agus trèanadh luchd-obrach a chur am meud. Thug seo buaidh mhath air làthaireachd sgoile, fèin-spèis agus faireachdainn coileanaidh nan daoine òga.

Bha cuid de sheirbheisean deatamach ann a bhith a' toirt seachad taic chuimsichte a bharrachd. Bha a' Chomhairle air maoineachadh 'geallaidh' a thasgadh ann an Seòmar 19 aig Àrd-sgoil Mhic Neacail, an àrd-sgoil mhòr agus ionad coimhearsnachd ann an Steòrnabhagh. Còmhla ris na seirbheisean a thug MCR Pathways agus The Shed seachad, rinn seo cinnteach gun robh daoine òga le eòlas air cùram a' faireachdainn gu robh iad a' faighinn barrachd is barrachd taice is brosnachaidh gus an làn chomas a choileanadh agus gus barrachd ath-cheangail ri foghlam fhaighinn. Thug Seòmar 19 àite do luchd-ionnsachaidh a bha aig Àrd-sgoil Mhic Neacail airson beagan àite is taic aon-ri-aon fhaighinn. Thug MCR Pathways taic comhairleachaidh agus The Shed, taic fhaireachdainnean is slàinte inntinn. Bha na seirbheisean seo uile a' coinneachadh aig an sgoil agus bha ionad tadhail-a-steach aca. Bha na h-eadar-theachdan seo air leantainn gu àrdachadh ann an làthaireachd agus, do chuid de dhaoine òga, lùghdachadh ann an duilgheadasan leis a' Phoileas. Bha cuimseachadh air feadh an ùghdarrais air làthaireachd sgoile a leasachadh agus bha a' chomhairle ionadail air an dealas a nochdadh dha seo le bhith a' leantainn air adhart le tasgadh ann an Seòmar 19 nuair a chaith am maoineachadh geallaidh.

Rè seachdain nàiseanta nan Daoine le Eòlas air Cùram, thadhail sinn air pròiseact ealain air a ruith le luchd-obrach dìoghrasach is brosnachail aig àm-lòin aig Àrd-sgoil Mhic Neacail agus Sgoil an Tairbeirt. Chuimsich a' ghnìomhachd air an **UNCRC** ann an dòigh innleachdach is in-ghabhalach le bhith a' teagasg clann mu chòraichean. Thog seo an aire mu eòlas air cùram cho math ri cuimseachadh air a' chòir aca air foghlam agus am beachdan is faireachdainnean uile a chur an cèill ann an obair-ealain.

Leig co-òrdanachadh soirbheachail sheirbheisean le buidhnean compàirteach, a' gabhail a-steach an treas roinn, le daoine òga taic leantainneach fhaighinn san sgoil agus sa choimhearsnachd. Thabhann Gnìomh airson Clann raon luachmhor de sheirbheisean a thug taic do chlann, daoine òga agus pàrantan uile. Bha na seirbheisean cuimsichte agus a' freagairt air feumalachdan sa choimhearsnachd, a' toirt a-steach teaghlaichean gu gnìomhach ann a bhith ag innse am beachd air an leasachadh. Thug seirbheisean coimiseanaichte comas do dhaoine òga an taic cheart fhaighinn aig an àm agus anns an àite a bha feum aca air. Thug seo

àiteachan sàbhailte agus gnìomhachdan adhartach, spòrsail do chlann is dhaoine òga le eòlas air cùram. Far an robh compàirtichean le chèile a' toirt taic do shlàinte inntinn agus sunnd, mar eisimpleir, rinn iad cinnteach gun co-roinneadh iad fiosrachadh agus/no gun robh iad ag amas air diofar bhuidhnean de dhaoine òga.

Chuidich seo le bhith a' dèanamh cinnteach gu robh seirbheisean air an sgaoileadh do raon nas fharsainghe de dhaoine òga. Bha luchd-obrach a bha ag obair ann an sgoiltean cuideachd ag obair sa choimhearsnachd, a' ciallachadh gum b' urrainn do dhaoine òga na dàimhean aca a chumail suas agus leantainneachd fhaighinn. Fhuair cuid de theaghlaichean buannachd bho obair leantainneach le Gnìomh airson Clann airson iomadh bliadhna agus thar na h-ùine sin bha luchd-obrach air dàimhean maireannach a leasachadh le buill teaghlaich.

Bha a' mhòr-chuid de phàrantan a' tuigsinn carson a bha seirbheisean an sàs leotha fhèin agus an cuid cloinne agus bha deagh dhàimhean aca le luchd-obrach, gu h-àraid an taic a fhuair iad bho Ghnìomh airson Clann agus obair shòisealta san fharsaingeachd.

Ged a bha luchd-obrach a bhios ag obair leis a' phoball gu math eòlach air clann, daoine òga agus an teaghlaichean, bha dìth dearbhadh càileachd ioma-bhuidhne a' ciallachadh nach robh tuigse sam bith ann air buaidh an cuid obrach stèidhichte air fios-air-ais. Ann am beagan chùisean, bha gainnead luchd-obrach a' toirt buaidh air an taic a b' urrainnear a thabhann do chlann agus do dhaoine òga. Mar eisimpleir, airson beagan, bha atharrachadh tric anns an luchd-obrach a' cur bacadh air togail dhàimhean. Bha dùbhlain ann a thaobh dèanamh cinnteach gum biodh cothrom aig a h-uile pàiste agus neach òg air na seirbheisean ceart aig an àm cheart, air sgàth duilgheadasan cruinn-eòlais, tìde agus còmh-dhail anns na h-eileanan. Bha raon sheirbheisean stèidhichte timcheall air Steòrnabhagh. Cha robh e an-còmhnaidh comasach do chlann agus daoine òga a bha a' fuireach ann an àiteachan eile fhaighinn gu na seirbheisean sin gu furasta no seirbheisean coltach riutha. A dh'aindeoin sin, fhuair am beagan cloinne agus teaghlaichean a choinnich sinn a bha a' fuireach ann am pàirtean eile de na h-eileanan taic mhath bho na seirbheisean a fhuair iad.

Cleachdadh èifeachdach air òrdugh aireachais èigneachail

Bha òrdughan aireachais èigneachail gan cleachdadh gu h-èifeachdach gus clann a chumail sàbhailte agus dèanamh cinnteach gun deigheadh cobhair a thoirt seachad nuair a bha feum air agus, ann an cuid de chùisean, airson ùine nas fhaide na bha an t-òrdugh a' sònrachadh. Bha na h-adhbharan air an son eadar-dhealaichte leis a' chuid as motha airson dìth cùraim bho phàrantan. Fhuair a' mhòr-chuid de chlann a dh'fheumadh gluasad air falbh airson greis rè na h-ùine air an CSO, deagh thaic gus dàimhean a chumail suas le pàrant no an neach-cùraim agus buill teaghlaich eile. Bha a' mhòr-chuid de chlann air a bhith nan cuspair **Deasbad Tar-chur Eadar-bhuidhnean (IRD)** rè ùine an òrdugh aireachais èigneachail le nas lugha na dàrna leth dhiubh air **a' chlàr dìon cloinne**. Bha ceanglaichean leis **a' chomataidh dìon cloinne** gan cruthachadh gus dèanamh cinnteach gun deigheadh aire nas fheàrr a thoirt do dh'fheumalachdan cloinne is dhaoine òga a bha ann an cùram. Bha am **Bairns Hoose** na leasachadh gealltanach.

B' e aon de na duilgheadasan air an d' fhuair luchd-obrach seachad còmhla cho tric 's a b' urrainn do Shiorram suidhe sa chùirt ionadail air sgàth far an robh e. Shuidh an Siorram ann an Steòrnabhagh gach cola deug, rud a mheudaich cho tric 's a dh'fheumadh luchd-obrach sòisealta aithisgean ùra a thoirt seachad airson clann is

daoine òga air òrdugh aireachais èigneachail eadar-amail. Chaidh dèanamh cinnteach à sgrùdadh laghail. Cho-obrach luchd-aithris gu èisteachdan cloinne agus luchd-obrach sòisealta gus tricead aithris do chùirtean a riaghladh le dòigh-obrach phractaigeach agus co-rèireach a lughdaich cho tric 's a dh'fheumadh teaghlaichean pàirt a ghabhail ann an ùrachadh mheasaidhean. Mhol fios-air-ais bho chuid de theaghlaichean an dòigh anns an deach aire a thoirt dhaibh ann an èisteachdan cloinne agus tha e cudromach a thoirt fa-near gur e na h-Eileanan an Iar a' chiad sgìre ann an Alba a thòisich air èisteachdan aghaidh ri aghaidh nuair a chaidh cuingeadan Covid-19 a thogail.

Prìomh loidhne ceasnachaidh 2

Tha na seirbheisean a gheibh clann is daoine òga air an deagh dhealbhadh agus air an libhrigeadh ann an dòigh a tha tròcaireach agus le luchd-obrach a chuireas clann is daoine òga aig cridhe cho-dhùnaidhean. Bidh daoine san sgioba-obrach a' dèanamh cinnteach gu bheilear ag èisteachd ri clann, daoine òga agus pàrantan ann an dòigh bhrìoghmhor, gan cluinntinn agus gan toirt a-steach ann an cùisean.

A' toirt a-steach beachdan cloinne is dhaoine òga ann am pròiseasan cudromach

Dh'aithnich luchd-obrach fiosraichte mu chruaidh-chàs gum feumar obrachadh le clann is daoine òga aig astar a bha freagarrach dhaibh. Chuidich na dàimhean làidir a bh' aig clann is daoine òga le ball cudromach den luchd-obrach iad gus pàirt a ghabhail ann am pròiseasan cudromach. Bha e duilich do chuid de phàrantan dàimhean earbsach a thogail nuair a dh'atharraich an luchd-obrach. Ach, bha dàimhean adhartach aig a' mhòr-chuid le co-dhiù aon bhall den luchd-obrach agus bha a' mhòr-chuid misneachail gun robh an luchd-obrach ag èisteachd riutha agus a' toirt feart de am beachdan.

Chaidh beachdan cloinne, dhaoine òga, phàrantan agus luchd-cùraim a thoirt fa-near ann am measadh agus ath-bhreithneachadh. Chaidh spèis a thoirt dha na beachdan agus na co-dhùnaidhean aca.

Bha **Tagradh Neo-eisimeileach** a' cuideachadh cloinne, dhaoine òga agus am pàrantan gus am beachdan a chur an cèill, gus prìomh phròiseasan a thuigsinn agus gus ullachadh airson choinneamhan.

Bha fios aig luchd-obrach a bha ag obair leis a' phoball gu robh ruigsinneachd fharsaing aig seirbheisean tagraidh anns na h-Eileanan an Iar agus bha iad gam meas cudromach ann a bhith a' cuideachadh cloinne, dhaoine òga, phàrantan agus luchd-cùraim gus beachdan a thoirt seachad. Thairg **SCRA** cuideachd fiosrachadh mu sheirbheisean tagraidh aig diofar ìrean den phròiseas èisteachd agus bha seo ri fhaighinn nuair a bha feum air.

Ath-bhreithneachadh phlanaichean

Bha ìrean crìochnachaidh math aig a' chompairteachas airson planaichean a thoirt gu buil agus rinn iad sin taobh a-staigh nan clàran-ama a chaidh a mholadh. Sheall fios-air-ais luchd-obrach bhon t-suirbhidh dhuinn gun robh a' mhòr-chuid den luchd-

obrach misneachail plana a bha ag amas air buillean ullachadh agus gun robh a h-uile duine a dh'fheumadh cur ris air sin a dhèanamh. Ach, mheas sinn càileachd a' mhòr-chuid de na planaichean mar iomchaidh no lag agus dìreach cuid dhiubh math no glè mhath. Bha luchd-obrach beagan nas dòchasaiche mun chomas agus misneachd ann a bhith a' sgrìobhadh phlanaichean na bha leughadh chlàran a' sealltainn; cha robh dearbhadh càileachd phlanaichean air a dhèanamh gu cunbhalach agus b' e cothrom a chaidh a chall a bha seo gus càileachd a leasachadh.

B' e ar luachadh air a' mhòr-chuid de choinneamhan ath-bhreithneachaidh gu robh iad uile air an stiùireadh gu h-èifeachdach agus gu robh clàr aca uile a sheall adhartas agus dùbhlain, le tabhartasan bho chlann, dhaoine òga agus pàrantan. Bha dùbhlain phractaigeach ann a thaobh oifigear ath-bhreithneachaidh fhasadh agus a chumail anns na h-Eileanan an Iar nach robh a' buntainn ri riaghladh chùisean. Ged a bha barrachd comais ga shireadh, bha seo a' ciallachadh gun robh a h-uile ath-bhreithneachadh ga stiùireadh le neach-cathrach air-loidhne le roghainnean airson làthaireachd haidhbrid. Ged nach tug seo buaidh air measadh èifeachdas ath-bhreithneachaidh, bha cunnart ann gun lughaicheadh e roghainn a' phàiste no an neach òig mu mar a dheigheadh na h-ath-bhreithneachaidhean aca a dhèanamh agus dè cho comhfhurtail 's a bha iad a' faireachdainn a' toirt seachad am beachdan.

Taic do chlann, dhaoine òga agus teaghlaichean a bhith an sàs ann an leasachadh seirbheise nas fharsainghe.

Bha MCR Pathways, Seòmar 19 agus The Shed air fios-air-ais a chleachdadh gus seirbheisean a leasachadh. Bha Buidheann Taic Phàrantachd, Turadh, air a ruith le Gnìomh airson Clann, air pàrantan a thoirt a-steach mar chomphàirtichean co-ionnan ann a bhith a' co-dhùnadh dè am prògram a chleachdadh gus taic a thoirt do phàrantan a bha ri ana-chleachdadh stuthan. Bha Gnìomh airson Clann a' cleachdadh raon dhòighean gus fios-air-ais fhaighinn bho chlann, dhaoine òga, pàrantan agus luchd-cùraim. Bha seo a' toirt a-steach fios-air-ais air-loidhne agus air pàipear agus còmhraidhean a chaidh a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt do leasachadh seirbheise. Ach, cha robh fios-air-ais bho na daoine a chleachd seirbheisean a' toirt fiosrachadh brìghmhor do dhearbhadh càileachd ioma-bhuidhne agus fèin-luachadh.

Bha còraichean cloinne is dhaoine òga air an gabhail a-steach anns a' **Phlana Cloinne agus Daoine Òga**. Bha clann is daoine òga air cuideachadh le bhith a' stiùireadh cuid de thaobhan cuibhrichte de dhealbhadh is libhrigeadh sheirbheisean agus bha beagan eisimpleirean ann de phròiseactan gus leasachadh a dhèanamh air mar a chaidh guthan cloinne is daoine òga a chluinntinn ach bha e ro thràth airson innse dè a' bhuaidh a bh' aca. Cha robh **pàrantan corporra** fhathast a' freagairt gu h-èifeachdach ri fios-air-ais dìreach bho dhaoine òga aig an robh eòlas air cùram air na b' urrainn dhaibh a dhèanamh na b' fheàrr aig ìre na seirbheise. Bha seo fhathast na amas sa **Phlana Pàrantachd Corporra** ach cha robhas air adhartas a dhèanamh fhathast.

Taic do luchd-obrach

Bha luchd-obrach misneachail nan eòlas, nan sgilean agus nan comas comharran croin aithneachadh, aithris agus freagairt a thoirt dhaibh. Bha fios aca dè na h-inbhean a bha gan sùileachadh bhuapa agus bha a' mhòr-chuid den luchd-obrach a' faireachdainn gun deach èisteachd riutha agus gun robh spèis ga thoirt dhaibh ann

an seirbheisean.

Gu sònraichte, bha faireachdainn ann gun robh ceannardan a' tuigsinn nan dùbhlann ann a bhith a' libhrigeadh seirbheisean loidhne aghaidh, agus san fharsaingeachd bha luchd-obrach a' faireachdainn gu robh manaidsearan agus ceannardan a' toirt taic dhaibh.

Fhuair a' mhòr-chuid den luchd-obrach seòrsa air choreigin de stiùireadh loidhne-stiùiridh a bha taiceil agus a thug dùbhlann dhaibh gus ìre àrd de chleachdadh a choileanadh. Bha luchd-obrach an urra gu mòr ri taic neo-fhoirmeil bho cho-obraichean agus chuala sinn cho luachmhor 's a bha seo. Dha cuid, b' e seo an aon sheòrsa taic chunbhalach a bha aca.

Chaidh raon de chothroman ionnsachaidh is leasachaidh aon-bhuidhne a thoirt seachad a bha stèidhichte air cruaidh-chàs. Cha d' fhuair luchd-obrach cothroman ionnsachaidh ioma-bhuidhne gu cunbhalach a bheireadh tuilleadh leasachaidh dhaibh agus a chuidicheadh iad gus na dreuchdan aca a choileanadh. Bha cothroman ioma-bhuidhne sam bith a bha rim faighinn fo sgàil na comataidh dìon cloinne. Ged a bha seo luachmhor, cha robh cothroman ionnsachaidh is leasachaidh le fòcas sònraichte air pàrantachd corporra agus cuspairean co-cheangailte riutha rim faighinn gu cunbhalach. Bha seo a' ciallachadh nach robh luchd-obrach a' faighinn taic le trèanadh gus an dreuchd aca a leasachadh.

Dearbhadh Càileachd

Cha robh rèiteachaidhean dearbhadh càileachd ioma-bhuidhne air an cur an gnìomh. Cha robh clàran gan sgrùdadh gu cunbhalach airson compàirtichean a chuideachadh a' comharrachadh eisimpleirean de chleachdadh as fheàrr, raointean leasachadh agus cunnartan.

Le dìth obair dearbhadh càileachd bha e cuideachd nas duilghe do luchd-obrach buaidh an cuid obrach a thuigsinn. Anns an t-suirbhidh luchd-obrach cha robh ach 12% den luchd-obrach ag aontachadh gun robh luachadh air buaidh nan seirbheisean air leantainn gu leasachadh agus thuirt a' mhòr-chuid den luchd-obrach nach robh fios aca. Ged a b' urrainn don luchd-obrach meòrachadh air adhartas ann am beatha cloinne, dhaoine òga agus theaghlaichean, cha robh an dearbhadh aca a dh'fhaodadh fiosrachadh bho luachadh a thoirt dhaibh.

Prìomh loidhne ceasnachaidh 3

Bidh ceannardan agus manaidsearan ag obair gu math còmhla gus siostam cùraim aonaichte a chruthachadh agus a chumail suas a bheir seachad na seirbheisean ceart do gach pàiste aig an àm cheart. Tha seo a' toirt cuideachadh, taic agus cunntachalachd do chlann is daoine òga, am pàrantan agus an luchd-obrach.

Lèirsinn agus stiùireadh compàirtichean pàrantachd corporra.

Bha lèirsinn, luachan agus amasan an sgioba ceannardais air an tuigsinn gu math leis a' mhòr-chuid den luchd-obrach thar gach buidhne chom-pàirtich. Bha an lèirsinn airson clann is daoine òga nan Eilean Siar anns a' phlana ro-innleachdail airson clann is daoine òga stèidhichte air a' ghealladh.

Bha rèiteachaidhean Pàrantachd Chorporra air an toirt a-steach do phlana cloinne is dhaoine òga **Plana a' Gheallaidh 2023-25**. Ged a bha am plana gnìomha pàrantachd corporra coileanta agus stèidhichte air còraichean, cha deach ath-bhreithneachadh a dhèanamh air. Mar sin, bha e duilich adhartas a dhearbhadh no làn mhisneachd a bhith againn na riaghladh. Bha a' mhòr-chuid de na gnìomhan airson obair shòisealta cloinne a bhiodh air buannachd fhaighinn bho ath-bhreithneachadh air taic chom-pàirtichean.

Chaidh fo-bhuidheann pàrantachd corporra a shònrachadh airson sùil a chumail air na gnìomhan sa phlana. Bha còrr is bliadhna ann bho choinnich a' bhuidheann seo mu dheireadh. Bha dìth cur-a-steach cunbhalach aig làn bhallrachd na buidhne, nuair a choinnich iad, gu h-àraidh bho shlàinte. Cha b' urrainn dhuinn a bhith misneachail mu adhartas a' phlana seo agus mun phrìomhachas a bha an compàirteachas a' toirt do riaghladh pàrantachd corporra. Ged a bha cuid de ghnìomhan air adhartas a dhèanamh, mar eisimpleir, làthaireachd sgoile airson clann is daoine òga le eòlas air cùram, bha dìth neirt sa phlana iomlan agus mar sin bha a chomas buaidh a thoirt air cleachdadh agus leasachadh agus a stiùireadh air a lughdachadh.

Dh'aidich an compàirteachas gu robh spionnadh air a dhol bhuaithe bhon ghalar lèir-sgaoilte agus bha cuid de na cùisean a bha feumach air atharrachadh aig an àm sin air socrachadh gu bhith nan 'àbhaist'. Bha cruaidh fheum ann, a dh'aidich an compàirteachas, rèiteachaidhean ro-innleachdail ath-stèidheachadh air dleastanasan pàrantachd corporra agus mar a chaidh an leasachadh ann an compàirteachas le clann is daoine òga.

Ceannardas co-obrachail

Bha an co-theacsa cruinn-eòlasach a' cur dùbhlain sònraichte air ceannardas co-obrachail èifeachdach. Cha robh a h-uile ceannard bhon chom-pàirteachas stèidhichte anns na h-Eileanan an Iar làn-ùine. Bha aig cuid de cheannardan ri sgìre mhòr a chòmhdach, a' lughdachadh na h-ùine a b' urrainn dhaibh a bhith anns na h-Eileanan an Iar. Chuir seo, agus suidheachadh cheannardan eile air an eilean, bacadh air na cothroman aca tighinn còmhla aghaidh ri aghaidh gus seirbheisean a dhealbhadh agus a stiùireadh. Thug e buaidh cuideachd air cothrom luchd-obrach conaltradh ri ceannardan nuair a bha feum aca air. Ged a bha a' mhòr-chuid den luchd-obrach san fharsaingeachd a' faireachdainn gu robh ceannardan rim faicinn, a'

conaltradh riutha gu cunbhalach aig gach ìre agus a' tuigsinn càileachd an cuid obrach, bha an ìre sàsachd seo na b' ìsle airson luchd-obrach nam poileas agus na slàinte.

Bha dàimhean eadar àrd-cheannardan làidir san fharsaingeachd ach cha robh sealbh co-roinnte soilleir ann airson stiùireadh ro-innleachdail. Cha robh co-obrachadh eadar compàirtichean reachdail agus treas roinne, ged a bha e na neart, an-còmhnaidh air a nochdadh gu soilleir air sgàth an lùghdachaidh o chionn ghoirid ann an sgrùdadh phrìomhachasan ro-innleachdail a thaobh pàrantachd chorpóra.

Cha robh an compàirteachas a' dèanamh an fheum as fheàrr den chothrom fios-air-ais bho chlann is dhaoine òga a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt do leasachadh seirbheise. Bha clann is daoine òga air cuideachadh le bhith a' stiùireadh cuid de thaobhan cuibhrichte de dhealbhadh is libhrigeadh seirbheise agus bha beagan eisimpleirean ann de phròiseactan gus leasachadh a dhèanamh air mar a chaidh an guthan a chluinntinn. Bhiodh co-obrachadh le clann is daoine òga a' libhrigeadh chothroman airson còmhraidh agus dealbhadh cruthachail.

Goireasan agus libhrigeadh

Bha cuingeadan mòra buidseit air ceannardan a' bacadh sùbailteachd agus cothroman airson dealbhadh èiginn. Còmhla ri duilgheadasan ann am fastadh luchd-obrach, bha seo na dhùbhlán. Bha nas lugha na dàrna leth den luchd-obrach den bheachd gun robh ceannardan a' dèanamh cinnteach à comas riatanach agus chuir seo uallach air luchd-obrach aig gach ìre, a' gabhail a-steach ceannardas.

Gu tric b' e manaidsearan obrachaidh an aon mhodh èiginn a bha comasach airson beàrnan a chòmhdach ann an dreuchdan air an loidhne aghaidh. Ged a dhaingnich seo an t-eòlas aca air clann is daoine òga agus a thug e taic do dh'fheumalachdan luchd-obrach, lughdaich e an dealachadh eadar fòcas ro-innleachdail agus fòcas obrachaidh. Cha robh àrd-cheannardan an-còmhnaidh comasach air crìochan soilleir a chomharrachadh gus cumhachd a thoirt do mhanaidsearan meadhan-ìre agus an trèanadh is leasachadh riatanach a thoirt dhaibh.

Nuair a choinnich sinn ri luchd-obrach, bhathas ag aideachadh gu robh e nàdarra gum biodh duilgheadasan ann a thaobh ghoireasan agus chaidh am fuasgladh gu tric le deagh rùn agus dealas. Bha cuid den luchd-obrach a' faireachdainn barrachd taice bho na ceannardan aca na cuid eile agus b' e luchd-obrach poileis agus slàinte as mi-shàsaichte mun chùis seo.

Sgrùdadh riaghlaidh

Cha robh an compàirteachas a' luachadh coileanadh an aghaidh amasan co-roinnte. Ged a dh'fhaodadh gum biodh sgrùdadh neo-fhoirmeil aig ceannardan air rèiteachaidhean stèidhichte air eòlas air luchd-obrach agus teaghlachan, bha dìth prògram fèin-luachaidh structarail a' cuingealachadh a' chomais cleachdadh a mheasadh agus a neartachadh gu cunbhalach còmhla.

Cha robh gnìomhachd fèin-luachaidh agus dearbhadh càileachd a' tachairt gu cunbhalach aig ìre ioma-bhuidhne. Ged a bha beagan gnìomhachd sgrùdaidh a' cuimseachadh air dìon cloinne air tachairt, cha robh seo gu mòran feum ann a bhith a' cuideachadh a' chompàirteachais a' tuigsinn dè cho math 's a bha na seirbheisean aca a' coileanadh airson clann air òrdugh aireachais èigneachail a bha a' fuireach aig an taigh. O chionn nach robhas a' cleachdadh dàta bho SCRA,

oifigearan ath-bhreithneachaidh neo-eisimeileach agus fios-air-ais bho chlann is dhaoine òga gu cunbhalach, bha an compàirteachas a' call cothrom tuigse fhaighinn air buaidh nan seirbheisean air beatha cloinne is daoine òga. Bha seo cuideachd a' nochdadh cunnart ann a bhith ag aithneachadh dè na seirbheisean a bha èifeachdach, càite an robh feum air leasachadh agus mar a dh'fhaodadh goireasan a bhith air an cleachdadh.

Aithris earbsa agus na ceumannan a leanas

Aithris earbsa

Tha neartan ann an libhrigeadh sheirbheisean anns na h-Eileanan an Iar. Tha an cultar comasachaidh a tha luchd-obrach a' nochdadh ann a bhith ag obair le clann is daoine òga air buaidh mhath a thoirt air am beatha. Tha na raointean leasachaidh a' buntainn ri riaghladh pàrantachd corporra agus leasachadh fèin-luachaidh agus dearbhadh càileachd airson leasachadh.

Tha cuid de na cnapan-starra co-theacsa a tha ron chompàirteachas nas duilghe a sheachnadh na cuid eile. Feumar ath-chothromachadh a dhèanamh air mar a thathar a' cleachdadh ùine airson leasachadh agus mar a bheireadh seo buaidh mhath air libhrigeadh pàrantachd corporra. Bidh seo a' ciallachadh gum bi compàirtichean ag ath-bhreithneachadh mar a choileanas iad dleastanasan riaghlaidh.

Ged a tha ceannardan ag aithneachadh nan raointean air am feum iad cuimseachadh, agus ged a tha iad dealasach a thaobh sin a dhèanamh, tha comas agus co-theacsa air ciallachadh gu bheil e duilich seo a dhèanamh na phrìomhachas. Air an adhbhar seo, gheibheadh an compàirteachas buannachd bho bharrachd taic chuimsichte gus cuideachadh le aire a thoirt do na dh'fheumar a dhèanamh agus ciamar. Meudaichidh seo ar n-earbsa ann an comas nan compàirteachasan plana leasachaidh a libhrigeadh agus bheir e cothroman luachmhor dhaibh a bhith ag obair còmhla gu h-èifeachdach.

Na ceumannan a leanas

Iarraidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim plana gnìomha co-roinnte a mhinicheas gu soilleir mar a nì an compàirteachas leasachaidhean anns na prìomh raointean a chomharraich luchd-sgrùdaidh. Bheir sinn taic airson leasachadh le bhith a' comasachadh obair cho-roinnte a tha ag amas air leasachadh le compàirtichean sgrùdaidh. Thèid adhartas a sgrùdadh agus a chumail suas tro rèiteachaidhean luchd-sgrùdaidh ceangail Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim.

Luachadh

Chruinnich sinn agus rinn sinn ath-sgrùdadh air fianais an aghaidh nan comharran càileachd uile san fhrèam-obrach gus taic a thoirt do na trì prìomh loidhnichean ceasnachaidh. Bidh sinn a' cleachdadh [sgèile sia-puing](#) gus luachadh foirmeil a thoirt seachad air ceithir comharran càileachd. Tha geàrr-chunntas dhiubh gu h-ìosal, agus mineachadh feallsanachd goirid.

Comharra Càileachd 2.1: Buaidh air clann agus daoine òga

Tha sinn a' luachadh a' chomharra càileachd seo MATH

- Bha luchd-obrach dìoghrasach agus dealasach a' dèanamh cinnteach gun robh clann is daoine òga a' faireachdainn gun robh iad air am faicinn, air an cluinntinn agus air an tuigsinn.
 - Bha dàimhean brioghmhor agus taiceil aig a' mhòr-chuid de chlann is daoine òga le prìomh luchd-obrach anns an robh earbsa aca.
 - Bha co-obrachadh eadar luchd-obrach thar gach buidhne air cothroman beatha cloinne is daoine òga a leasachadh.
 - Mar thoradh air dàimhean obrach dlùtha, bha clann is daoine òga a' faighinn cothrom air raon de sheirbheisean a choinnich ris na feumalachdan aca. Bha an taic seo ri fhaighinn san sgoil agus sa choimhearsnachd.
 - Bha dùbhlain ann a thaobh dèanamh cinnteach gum biodh cothrom aig a h-uile pàiste agus neach òg air na seirbheisean ceart aig an àm cheart, air sgàth duilgheadasan cruinn-eòlais, tìde agus còmhhdail anns na h-eileanan.
- Às aonais gnìomhachd fèin-luachaidh, cha robh e comasach don luchd-obrach buaidh an cuid obrach a thomhas gu dìreach.

Comharra Càileachd 5.3: Planadh cùraim, riaghladh chunnartan agus eadar-theachd èifeachdach

Tha sinn a' luachadh a' chomharra càileachd seo IOMCHÀIDH

- Bha plana aig cha mhòr a h-uile pàiste is neach òg a bha a' nochdadh nam feumalachdan agus cunnartan a bha anns a' mheasadh aca.
- Chaidh planaichean ath-bhreithneachadh ann an àm agus bha seirbheisean a' toirt taic don phàiste air an toirt a-steach do choinneamhan.
- Bha càileachd nam planaichean tùsail agus leantainneach iomchaidh no lag anns a' mhòr-chuid de na clàran a leugh sinn.
- Bha dìth dearbhadh càileachd agus trèanadh ioma-bhuidhne cunbhalach a' cuingealachadh cothroman airson cleachdadh a leasachadh.

Comharra Càileachd 5.4: A' toirt a clann, daoine òga agus teaghlaichean fa leth an lùib chùisean

Tha sinn a' luachadh a' chomharra càileachd seo MATH

- Bhathas a' toirt feart do bheachdan cloinne, dhaoine òga agus teaghlaichean gu h-èifeachdach ann an co-dhùnaidhean a thaobh am beatha fhèin.
- Chaidh beachdan cloinne, dhaoine òga agus pàrantan a thoirt a-steach do dh'ath-bhreithneachaidhean.
- Bha cothroman aig clann, daoine òga, pàrantan agus luchd-cùraim dàimhean a leasachadh le ball cudromach den luchd-obrach, agus fhuair iad taic gus pàirt a ghabhail ann am pròiseasan cudromach, ged nach do rinn a h-uile duine sin.
- Cha robh beachdan cloinne, dhaoine òga agus phàrantan gan cleachdadh gu cunbhalach gus fiosrachadh a thoirt do libhrigeadh seirbheise.

CC 9.2: An ceannardas airson ro-innleachd agus iùl

Tha sinn a' luachadh a' chomharra càileachd seo IOMCHADH

- Bha ceannardan a' toirt taic do chultar a leig le luchd-obrach air an loidhne aghaidh obair gu soirbheachail còmhla thar sheirbheisean a' co-roinn an eòlais agus an sgilean.
- Bha dìth spionnadh coitcheann adhbharach anns an stiùireadh ro-innleachdail airson pàrantachd corporra agus cha robh buannachd ann bho bhuileachadh,
- sgrùdadh gnìomhan agus adhartas co-obrachail.

Cha robh ceannardan pàrantachd corporra air fèin-luachadh, dearbhadh càileachd agus trèanadh ioma-bhuidhne a leasachadh, rud a chaidh a thoirt fa-near le luchd-obrach aig gach ìre. Chuir seo bacadh air cothroman airson leasachadh fiosraichte.

Earr-ràdh 1: Geàrr-chunntas air gnìomhan sgrùdaidh

Rè an sgrùdaidh cho-roinnte chruinnich sinn fianais bho raon farsaing de stòran. Bha seo a' gabhail a-steach:

Suirbhidhean

- Fhuair sinn 48 suirbhidhean bho luchd-obrach air an loidhne aghaidh agus manaidsearan ciad loidhne.
- Fhuair sinn trì suirbhidhean bho chlann is daoine òga nan Eileanan an Iar.
- Fhuair sinn sia suirbhidhean bho phàrantan nan Eileanan an Iar.

Coinneamhan le clann, daoine òga agus teaghlaichean

- Choinnich sinn ri 50 pàiste is neach òg (a' gabhail a-steach seiseanan tadhail-a-steach far an robh clann an làthair).
- Choinnich sinn ri 10 pàrantan no buill teaghlaich eile.

Ath-bhreithneachadh air clàran cloinne

- Rinn sinn ath-bhreithneachadh air clàran ioma-bhuidhne 30 pàiste is neach òig a bha fo òrdugh aireachais èigneachail fhad 's a bha iad a' fuireach aig an taigh còmhla ri am pàrantan thar an dà bhliadhna a dh'fhalbh.

Coinneamhan le luchd-obrach agus ceannardan

- Choinnich sinn ri 132 neach-obrach (bidh luchd-obrach air a bhith an làthair aig barrachd air aon bhuidheann fòcais, tha an àireamh seo a' riochdachadh an luchd-obrach ris an do bhruidhinn sinn thar gach seisean agus mar sin is dòcha gun deach luchd-obrach fa leth a chunntadh barrachd air aon uair).
- Rinn sinn trì còmhraidhean structarail le riochdairean àrd-ìre bhon chompàirteachas.

Ath-bhreithneachadh air fiosrachadh sgrìobhte

- Rinn sinn ath-bhreithneachadh air fiosrachadh sgrìobhte a chruinnich an compàirteachas.

Prìomh Oifis

Care Inspectorate
Compass House
11 Riverside Drive
Dundee
DD1 4NY
Fòn: 01382 207100
Facs: 01382 207289

Làrach-lìn: www.careinspectorate.com

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn ann an cruthan eile air iarrtas.

© Care Inspectorate 2026 I Air fhoillseachadh le :communications I COMMS-1225-585

✕ @careinspect  careinspectorate



CARER POSITIVE
Employer in Scotland
ESTABLISHED



HAPPY TO TRANSLATE

